

Stiùireadh do Sgoilearan a' Tòiseachadh air Làrach-lìn 'Am Baile' do Sgoiltean

Clàradh

Gus an urrainn dhut an goireas seo a chleachdadh, feumaidh do thidsear do chur air chois le ainm neach-clàraidh agus le facal-faire.

Ma thèid d' ainm neach-clàraidh no d' fhacal-faire às do chuimhne, bruidhinn ri do thidsear agus nì ise/esan a-rithist dhut iad.

Log-air

Nuair a fhuair thu am fiosrachadh agad on tidsear airson logadh-air, theirig gu www.ambaile.org.uk, tagh do rogha cànan agus roilig sìos an duilleag gu 'Raon an Fhoghlaim'. Gliog air a' cheangal gu Làrach-dachaigh nan Sgoiltean le bhith a' gliogadh air na facail Clàr no Coimhead air làrach-lìn nan sgoiltean a chì thu sa bhogsa air an sgrion a tha mar seo.

» Raon an Fhoghlaim



Stuthan Ionnsachaidh
Cruinneachadh de ghoireasan freagarrach air iomadach cuspair.



Làrach-lìn nan sgoiltean
Tha sinne a' toirt nan goireasan dha na sgoiltean gus leigeil leotha pròiseactan inntinneach a chruthachadh agus gus leigeil leotha an roinn le feadhainn eile air feadh an t-saoghail.



Spòrs agus Geamaichean
Dèan fhèin e!

Aig mullach na duilleig ùir, lìon a-steach d' fhiosrachadh fhèin sna bogsaichean 'neach-clàraidh' agus 'facal-faire'.


Log-air an seo
Neach-clàraidh
Facal-faire


A' tòiseachadh air Pròiseact do chlas

An dèidh dhut logadh-air, bu chòir dhut an duilleag seo fhaicinn, agus bidh ainm a' phròiseict air a bheil thu fhèin ag obair sgrìobhte san liosta (m.e. 'Neasaidh' an seo).



Gliog air ainm a' phròiseict gus an tòisich thu. Nochdaidh an duilleag seo.



Gus an tòisich thu air do phròiseact san làraich-lìn, feumaidh tu pìos a chur ris. Sa chlàr seo chì thu na seòrsaichean faidhle a ghabhas an cur air Làrach-lìn nan Sgoiltean.

Bi cinnteach gu bheil fios agad càit an lorg thu na stuthan seo air do choimpiutair, m.e. ann am foldair, air CD no air maide-cuimhne. Mur eil thu cinnteach, faighnich dhen tidsear.

| Pìos | Seòrsa Faidhle Ceadichte |
|-------------------------------------|--------------------------|
| Film bhidio | WMV |
| Claistinneach/Fuaim (Audio) | WMA |
| Ìomhaigh (Dealbh) | JPG, JPEG, PJPG |
| Iomradh (am mion-dhealbh a thèid na | JPG, JPEG, PJPG |

chois)

San t-sampall-stiùiridh seo, cuiridh sinn ris mìr **Bhidio**, an uair sin mìr **Claistinneach** (audio), an uair sin **Iomhaigh** (dealbh) agus mu dheireadh mìr **Aithris-sgrìobhte/ Iomradh** le mion-dhealbh (thumbnail) na chois.

Gus an cuir thu pìos **Bhidio** ann, tagh '**Film bhidio**' bhon liosta tuiteam-sìos, agus gliog air putan '**Cuir ri seo**'. Thig an duilleag seo-shìos an àirde.

Bidh na facail a chuireas tu a-steach airson 'Tìotal a' Phròiseact' agus 'Tuairisgeul' rim faicinn air an sgrìon nuair a thèid foillseachadh a dhèanamh.

Cha tèid rud sam bith on bhogsa 'Suidheachadh' fhoillseachadh agus leigidh e fios dhut càit an d'fhuair thu am pìos stuth, me Am Baile, SCRAN, A' bh.ph. Niclain, mo sheanmhair, msaa.

'S ann sa bhogsa 'Beachdan' a dh'fhàgas tu facail bhua fhèin a leughas do thidsear. Faodaidh do thidsear cuideachd rudeigin innse dhutsa an seo sna 'Beachdan'.

| | |
|-----------------------|---|
| Tìotal a' Phròiseact | Neasaidh |
| Seòrsa Stuth | iomhaigh |
| Tìotal an Stuth | <input type="text" value="Neasaidh"/> |
| Suidheachadh | <input type="text"/> |
| Tuairisgeul | <input type="text" value="Tha an duine seo cho dèidheil air Neasaidh gun do rinn e ad Neasaidh dha fhèin airson pàrtaidh nan aodach èibhinn."/> |
| Luchdadh suas faidhle | <input type="text"/> <input type="button" value="Browse..."/> |
| Beachdan | <input type="text" value="Saoilidh mi gu bheil an dealbh-camara seo a' sealltainn mar a tha iomadh seòrsa duine math air Neasaidh."/> |

Lìon a-steach am foirm air an duilleig seo - cuir ris do mhìr Bhidio le bhith a' gliogadh air a' phutan 'Tadhail /Browse' agus a' taghadh do mhìr Bhidio às na rudan na do choimpiutair fhèin. Cuimhnich gum feum seòrsa WMV a bhith aig a' faidhle Bhidio. A-nis gliog air a' phutan 'Cuir ri seo'.

Faodaidh tu àireamh sam bith de phìosan às gach seòrsa a chur ri do phròiseact. Chan eil e gu diofar dè 'n òrdugh san tagh thu iad oir gabhaidh seo atharrachadh a-rithist.

Nuair a tha thu air am Bhidio agad a chur ris, bu chòir don choltas seo a bhith air an sgrion agad.

Neasaidh

Eisimpleir de Phròiseact gus Stiùireadh Sgoileir don ghòireas seo a shealltainn
[Thoir sealladh ro làimh air a' phròiseact seo](#)

Cuir stuth ùr ris a' phròiseact seo **Cuir ri seo** 

Bhidio de Am Baile

 Gluais Suas / **Gluais Sios**

Gus an cuir thu pìos **Claistinneach/Fuaim**(Audio) ris a' phròiseict, tagh **Fuaim** on liosta tuiteam-sìos agus gliog air putan 'Cuir ri seo'. Nochdaidh an t-aon sgrion 's a nochd airson do mhìr Bhidio.

Lìon a-steach am foirm agus gliog 'Tadhail/Browse' gus an cuir thu do phìos Claistinneach ris, 's an uairsin gliog 'Cuir ri seo'. Cuimhnich gu feum comas WMA a bhith aig a' faidhle Claistinneach on tagh thu do phìos. Seo mar a bhios do sgrion a-nis.

Neasaidh

Eisimpleir de Phròiseact gus Stiùireadh Sgoileir don ghoireas seo a shealltainn
[Thoir sealladh ro làimh air a' phròiseact seo](#)

Cuir stuth ùr ris a' phròiseact seo

iomhaigh ▾

Cuir ri seo →



Bhidio de Am Baile

[Gluais Suas](#) / [Gluais Sios](#)



Ro-radh don phròiseact

[Gluais Suas](#) / [Gluais Sios](#)

Gus **ìomhaigh** (dealbh) a chur ris, dèan na ceuman sin a-rithist mar a rinn thu roimhe airson Bhidio agus Fuaim. Cuimhnich gum feum seòrsa leudachadh faidhle JPG, JPEG no PJPG a bhith aig do fhios ìomhaigh.

Gus pìos **Aithris-sgrìobhte/lomradh** a chur ris, faodaidh tu na facail agad a thaipadh a-steach dìreach don bhogsa 'Tuairisgeul' air neo faodaidh tu 'copaidh is ath-sgrìobh' an teacsa a dhèanamh o fhaidhle agad a-steach don bhogsa 'Tuairisgeul'. Gus mion-dhealbh a chur ris an teacsa sin, gliog air putan 'Tadhail/Browse' agus tagh an dealbh o do choimpiutair, agus gliog air 'Cuir ri seo'.

A-nis, an dèidh dhut pìos às gach fear de na 4 seòrsachan a chur ris a' phròiseact agad, 's ann mar seo a bhios do sgrion.

Neasaidh

Eisimpleir de Phròiseact gus Stiùireadh Sgoileir don ghoireas seo a shealltainn feumail. Thoir sealladh ro làimh air a' phròiseact seo

Cuir stuth ùr ris a' phròiseact seo

iomhaigh ▾

Cuir ri seo →



Bhidio de Am Baile

Gluais Suas / [Gluais Sios](#)



Claistinneach de Hector Brocklebank

Gluais Suas / [Gluais Sios](#)



Ro-radh don phròiseact

Gluais Suas / [Gluais Sios](#)



Neasaidh

Gluais Suas / [Gluais Sios](#)

Gus pìos a dhubhadh às, gliog air tìotal a' phìos agus tagh 'Cuir às' air duilleag a' phìos.

Gus an dean thu obair air pìos, gliog air an tìotal aige, atharraich e agus tagh 'Ùraich'.

San eisimpleir gu h-àrd, feumaidh òrdugh nam pìosan a dhol mun cuairt agus faodaidh tusa air neo do thidsear seo a dhèanamh. Bu chòir don ro-radh a tha san Aithris-sgrìobhte a bhith aig mullach do liosta. (Mothaich, ma bhios mion-dhealbh air a luchdadh suas còmhla ris a' phìos Aithris-sgrìobhte, bidh sin fhèin a' nochdadh san liosta seo an àite ìomhaigh 'am baile'.)

Gus òrdugh nam pìosan a chur mun cuairt, gliog air ceangal 'Gluais suas' no 'Gluais sìos'.

San eisimpleir seo, tha sinn air òrdugh nam pìosan a chur mun cuairt agus tha am pròiseact againn deiseil a chur dhan tidsear gus an dèan e/i sgrùdadh agus foillseachadh.

Neasaidh

Eisimpleir de Phròiseact gus Stiùireadh Sgoileir don ghoireas seo a shealltainn feumail
Thoir sealladh ro làimh air a' phròiseact seo

Cuir stuth ùr ris a' phròiseact seo

Cuir ri seo 



Ro-radh don phròiseact

[Gluais Suas](#) / [Gluais Sios](#)



Bhidio de Am Baile

[Gluais Suas](#) / [Gluais Sios](#)



Claistinneach de Hector Brocklebank

[Gluais Suas](#) / [Gluais Sios](#)



Àiteachan far am faca daoine Neasaidh

[Gluais Suas](#) / [Gluais Sios](#)

Ach 's dòcha nach e tusa an t-aon sgoilear na do chlas a tha ag obair air a' phròiseact seo agus 's dòcha gum bi pìosan stuth eile ann a chuir sgoilearan eile ris. Chan fhaigh thusa cothrom beantainn do phìosan ach an fheadhainn agad fhèin.

Mothaich nach bi sa phròiseact bhon cheangal 'Sealladh ro-làimh air a' phròiseact' ach na pìosan a fhuair cead od thidsear.